



Tha obair ùr inntinneach aig Cat Barlow ag innse dha daoine mu dheidhinn pròiseact glèidhteachais sònraichte – a’ toirt air ais a’ sealg nan cearcan-fraoich ann an sgìre far a bheil dìon aig clamhain-nan-cearc. An seo tha i ag innse dhuinn mun obair aice

1



## Tarraingeachd a’ mhonaidh

Tha tè de na pròiseactan stiùiridh talmhainn agus glèidhteachais as annasaiche a chaidh a dhèanamh riamh anns an dùthaich seo air tòiseachadh air monadh air taobh a-muigh Langholm ann an siorrachd Dhùn Fris.

Tha Pròiseact Taisbeanadh Monadh Langholm a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh monadh mòr chearcan-fraoich air Oighreachdan Buccleuch. Tha 7,600 heacaire (18,780 acaire) anns a' mhonadh agus tha e air a dhion fo lagh Eòrpach leis gu bheil clamhain-nan-cearc a th' air cho cudromach. Tha na h-eunan-àir sgoinneil seo ainmeil airson a bhith a' sealg nan cearcan-fraoich, agus mar sin tha e gu math annasach a bhith a' stiùireadh a' mhonaidh airson sealg nan cearcan-fraoich agus a bhith a' faighinn ùine gus a bhith a' dìon clamhain-nan-cearc aig an aon àm.

Tha maoineachadh a' tighinn bho SNH, Oighreachdan Buccleuch, Urras Glèidhteachais Sitheann & Fiadh-bheatha, Natural England agus Buidheann Rìoghail Dìon nan Eun. Tha na buidhnean ag obrachadh còmhla gus feuchainn air fuasglaidhean pragtaigeach fhaighinn gus an urrainn do chearcan-fraoich agus do chlamhain-nan-cearc a bhith a' fuireach còmhla.

Gu h-eachdraidheil, tha farsaingeachd de bheachdan air a bhith aig muinntir Langholm mu bhith a' stiùireadh a' mhonaidh. Chuir an oighreachd stad air sealg nan cearcan-fraoich, agus na dreuchdan co-cheangailte ri sin, ann an 1998. Thàinig lùghdachadh air mòran dhe na gnèithean eòin ri linn sin. A-nis, tha aire na Roinn Eòrpa air a' phròiseact ionmhalta seo a bheir buaidh mhòr air na tha an dàn do mhonaidhean Bhreatainn. A dh'aindeoin sin, chan eil mòran fios aig a' choimhearsnachd ionadail cho cudromach 's a tha a' phròiseact no mu na buannachdan eaconamach a dh'fhaodadh tighinn chun na coimhearsnachd air sgàth a' mhonaidh.

Tha am pròiseact foghlaim a tha mi a' stiùireadh – air a cho-mhaoineachadh le SNH agus prògram LEADER Dhùn Fris agus Ghall Ghàidhealaibh – ag amas air barrachd tuigse a thoirt do dhaoine air mar a tha a' phròiseact a' leantainn.

Tha mise ag obair an cois luchd-stiùiridh a' mhonaidh gus innse dhan

t-sluagh na tha a' tachairt. Tha sinn air prògram de làithean fosgailte, tachartasan agus gnìomhan do sgoiltean agus do cholaistean na sgìre a chur air chois. Tha sinn cuideachd air luchd-obrach saor-thoileach fhastadh gus obair glèidhteachais – a' cur chraobhan agus a' cur suas bhocsaichean bidhe do dh'èoin -a dhèanamh air a' mhonadh. Tha tursan chun a' mhonaidh air còrdadh ri bun-sgoiltean bhon sgìre. Am measg na bha iad a' dèanamh, bha iad a' sireadh bhìastagan anns an uisge, a' faighinn mhamalan beaga a tha a' fuireach fon fhraoch agus fon fheur.

Cuideachd, tha buidhnean sgoile air mar a tha coimhearsnachd air a' mhonadh a rannsachadh. Tha clann air tadhal air a' phrìomh neach-glèidhidh, Sim Lester agus Iain Cuthbert, aig a bheil tuathanas air a' mhonadh, gus ionnsachadh mu bhith a' stiùireadh agus ag àiteach a' mhonaidh. Bha an tachartas a chaidh a chumail anns an robhar a' sireadh biadh air a' mhonadh air leth soirbheachail, agus nochd e dhaibh na tha de lusan agus de bheathaichean a ghabhas ithe rim faighinn air a' mhonadh. Dh'ullaich an còcaire Iain Crouch, à Cumbria ann a ceann a tuath Shasainn, biadh a chaidh fhaighinn air a' mhonadh a bharrachd air coineanaich a thug na geamairean seachad.

Am measg nam planaichean a tha againn airson an t-seusain seo tha cuairtean mun mhonadh, agus turas anns am bithear a' cur aithne air cuid dhe na fuaimnean a chluinnear air a' mhonadh. Bidh an tachartas sin de bhìadh fiadhaich a chaidh a chumail as t-fhoghar an-uiridh air a chumail as t-earrach a-rithist agus nas fhaide air adhart anns a' bhliadhna thathar ag amas air cuairt air a' mhonadh gus fungasan a shireadh. Tha barrachd fiosrachaidh air na tachartasan a tha anns an amharc rim faighinn air an làrach-lìn againn, [www.langholmmoorland.co.uk](http://www.langholmmoorland.co.uk).

Tha sinn an dòchas gum faighear maoineachadh gus àite seallaidh a chruthachadh airson sealltainn air clamhain-nan-cearc bho astar. Tha camaran air neadan gu math cumanta a-nis, ach 's ann gu math ainneamh a chithear camara air nead clamhain-nan-cearc. 'S e cothrom math a bhiodh ann do mhuinntir Langholm agus do luchd-turais na sgìre na h-eòin eireachdail seo fhaicinn nan neadan fhèin. Anns an ùine fhada, dh'fhaodadh ionad luchd-tadhail a bhith air a chruthachadh a bheireadh làrach do luchd-tadhail agus do bhuidhnean



1  
Iseanan clamhain-nan-cearc ann an nead air Monadh Langholm.

2  
Sgoilearan bho Àrd-sgoil Langholm a' cuideachadh Cat Barlow le bhith a' togail bocsa bidhe do dh'èoin.

foghlaim gus barrachd ionnsachadh mun mhonadh.

Aig ìre pearsanta, tha mo dhreuchd mar oifigear foghlaim a' mhonaidh a' còrdadh rium gu mòr. Tha e air cothrom a thoirt dhomh mo mheas air a' mhonadh agus an toileachas a tha mi a' faighinn bho bhith ag innse do dhaoine mun mhonadh a tharraing còmhla. Agus tha mi air mo dhòigh leis an fhàilte a fhuair mi bhon choimhearsnachd ionadail. Tha e math fhèin a bhith a' fuireach agus ag obair ann an sgìre cho brèagha ri Langholm, agus tha mi a' smaointinn gu bheil a' phròiseact seo na chothrom fìor mhath do dhaoine na sgìre barrachd uallach a ghabhail air na tha anns an sgìre aca fhèin.